



Clan-innse

- Slamaineas air do Shonra Thugha
Proisneadhach do ha Gaileal
- Croft Cultivation John wifc Mac. 1885:
- Lileid nam Beann (Monaun dengleis)
- Dairi Speirradail Calum Mac Neacail
- Gaelic Plant Names Rev. Angus Macfarlane 1924
- An Seann Beann, Spail D. Mc. Neill 1884
- Scoilchean rau. o' in Bleorla
- Ain Filidh Bundheatach (High. Museum) - 1877
- Chi a'inn shall thu li S.B. Steinhard 1918
- Gaelic Test for Schools by H. Cameron Miller
- Dairi Thaghche (MacKay. Tidings)
- An Gorach Blaf Boar
- Dairi a' Duala Mac Neill
- Dan air Togar nan Gaidheal
- Oran air Cogadh Ean Ronn Corp Fear Donbhillach
- Marbhruam le Liosbhan Camiskeal Cameron 1882

Roderick MacCowan

Kilbarry T.C. Manus

National Library of Scotland



B000135884

The watches over them & loves them are factors
of his childhood, administering to him
spiritual necessities.

6.

FOCAL EARAIL AGUS MISNICH.

- 1 Tha michreideamh 's droch nadar
Tha ardan 's tha fein,
Gam cabradh san làthaich
'S gam fhagail gun fheum,
'Sged a shaoil mi gun bhàsaich
A ghraisg ud gu leir,
Cha drinn iad ach crubadh
An cùil annam fein.
- 2 Tha mo shuil ris na hàrdibh
Arson fabhar mhic Dhe,
Sann annsan tha slainte
Bho mo phlaighibh gu lcir,
Bheir e spiorad gu'm naomhach
Bheir e aonadh ris fein,
'S ni eifeachd na fala
Mi glan bho gach creuchd.
- 3 Bheir e ercidcaimh beo slainteil
Bheir e gràdhnach bi fanu,
Bheir e fireantachd fhiorghan
Bheir e sith nachbi meallt,
Bheir e dochas nach nàraich
Bheir e àrach dha chloinn,
Fad anturuis tren fhasach
Leis a mhàna nach gann.

4 'S na dean uaill na do ghráson
 Gan cur an aite mhic Dhc
 Chum nach fagar, le Dia thu
 Dha diodhal 's dhut fein ;
 Biodh do shuil ris an Ardrigh
 Nach fag thu 's nach treig,
 Biodh do thaice do ghna ris
 'S abair 'Abba ris fein.

5 Bidh mi nis a co dhunadh,
 'S mi an duil ri do ghras,
 Sgum bi thu gam stiuireadh
 Ann an umhlachd do daithn,
 Dean mi iriosal naomha
 'S biodh mo ghaol dhut a fas,
 'Sbi ghna ga mo chomhnadh
 Bho fhoirneart mo namh.

CRIOCHE.

GAL. V. 17.—SHA'N FHEOIL A MIANNACHADH
ANAGHAIDH AN SPIORAID.

- 1 Och is och a sheanu-duine
'S fada leam a tha thu beo,
'S tric a chuirthu'n gainteir mi
Ga mo chumail fann gun treoir.
- 2 Se mo sgrios a bannsa leat
Le bhi cleamhnas ris an fheoil,
Ach bidh an spioradtoirt buaidh ort
Gus an toir thu suas an deo
- 3 Bhiodh tu le do bhrionnal baoth,
Tairgse dhomh faoineis gu leor
Gu bhi riarrachadh mo chri
Leis gach miann a thig on fheoil.
- 4 Ach dhinnseadh an spiorad gur breug,
Tha'nns gach sgeul a thig on fheoil
'S gum bi i bacadh mo shith
Gus an teid crioch air mo lo.
- 5 Ach nam faighinn spiorad Dhe
Chuireadh e'n fhéin fo mo shàil,
Sa mì chreàideamh 's gach droch mhiann
Tha ga mo bhuaireadh gach la.
- 6 Is thig la eile na dheigh sin,
Anns nach bì sgeul air an fheoil
Cha bhi peacadh 's cha bhi bas
'S cha bhi amlichar ann nis mo.

- 7 Cha bhi gul no caoidh no treigsinn
 No ni a bheir aobhar broin,
 Nuair gheibh iad seilbh air an oighreachd
 Cha tig an oidhche nis mo.
- 8 Se sud an latha bhios aoibhneach
 Bhios aìg oighrcachibh na gloir
 Bidh iad a seinn cliu na trionaid,
 Sgu brach cha chrìochnaich an ceol.
- 9 Moladh dha'ñ athair thug Criosa,
 Moladh do'n mhac ghabh air feoil,
 Ismoladh don spiorad shiorruidh
 Dhoillsich dhoibh Criosa sa ghloir.
- 10 Cha bhi roinnean measgnam braithrean,
 Cha bhi càineadh's cha bhi eud,
 Se'n taon fhonn bhios aig gach clàrsach
 Moladh is gradh air gach teud.
- 11 Nuair thig la an tionail mhoir
 San duisgear na sloigh an aird
 Co'n taobh air am bi mi fein
 Dean a reiteach dhomh gun dàil.
- 12 Bheil mo chasan air à charraig ?
 Gun taic air dad ach ifein
 Ambheil do ghloirsa nam shealladh ?
 Gun dcigh air dad dhith dhomh fein.
- 13 Thoir creideamh gradh agus dochas
 'S biodh iad an còmhnidh a fas,
 Gùs an teid mi null thar Jordain
 San sin fòghnidh dhomh an gradh.







